N5

Teisteanais
Nàiseanta
2022

X871/75/11 Cruinn-eòlas

DICIADAIN, 27 GIBLEAN
1:00 M – 3:05 F

Comharran gu lèir — 70

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra

Feuch **AN DARA CUID** Ceist 1 **NO** Ceist 2

AN UAIR SIN feuch Ceistean 3 gu 7.

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra

Feuch na ceistean UILE

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 10 comharran

Feuch **AON** sam bith de na leanas.

Ceist 15 — Atharrachaidhean gnàth-shìde

Ceist 16 — Raointean nàdarra

Ceist 17 — Cunnartan àrainneachdail

Ceist 18 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Ceist 19 — Turasachd

Ceist 20 — Slàinte

Thèid creideas a thoirt dhut airson mapaichean agus diagraman air a bheil ainmean iomchaidh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu leabhran nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

SQA ©

ROINN 1 — ÀRAINNEACHDAN FIOSAIGEACH — 30 comharra

Feuch AN DÀRA CUID Ceist 1 NO Ceist 2

AN UAIR SIN Ceistean 3 gu 7

Ceist 1 — Dealbhan-tìre Eigheachail/Dealbhan-tìre costail

(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Arainn.

A' cleachdadh fianais bhon mhapa thoir fianais a tha ag innse gur e **sealladh àrd-thalamh eigheachail** a tha san sgìre seo. **4**

Faodaidh tu comharran-clèithe a chleachdadh nad fhreagairt.

(b) **Mìnich** mar a chaidh rubhaichean agus bàghannan a chruthachadh.

Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

Na feuch air Ceist 2 ma tha thu a-cheana air Ceist 1 a fhreagairt

Ceist 2 — Aibhnichean agus glinn/dealbhan-tìre àrd-thalamh cloich-aoil

(a) Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Arainn.

A' cleachdadh fianais bhon mhapa, **mìnich** mu fheartan **fiosaigeach** Abhainn Iorsa agus an gleann aice eadar 950450 is 920383.

Faodaidh tu comharran-clèithe a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

(b) **Mìnich** mar a chaidh aol-charraighean agus aol-chluigein a chruthachadh.


Faodaidh tu diagram(an) a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

A-nis feuch Ceistean 3 gu 7

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 3

Diagram Q3 Sgeidsichean-làraich de dh'àitichean taghte air Arainn




Dèan sgrùdadh air Diagram C3 agus air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Arainn.

Maids gach tè de na sgeidsichean A, B, C agus D ris na comharran-clèithe cearta.

Tagh bho chomharran-clèithe **932510, 985468, 015353, 974463, 928445.** **4**

Ceist 4

Diagram Q4 Aithris bho neach a tha a' fuireach air Arainn



Neach a tha a' fuireach air Arainn

Dèan sgrùdadh air Diagram C4 agus air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Arainn.


Airson **dà** chleachdadh-fearainn a sgrùd thu, **thoir cunntas mionaideach air**, buannachdan na sgìre seo airson nan cleachdaidhean-fearainn a thagh thu.

Bu chòir dhut fianais bhon mhapa a chleachdadh nad fhreagairt. **4**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 5

Diagram C5 Cleachdaidhean-fearainn taghte



Thoir sùil air Diagram C5.

Tagh **aon** seòrsa de dhealbh-tìre bho Dhiagram C5

(a) Airson an t-seòrsa de dhealbh-tìre a thagh thu, **thoir cunntas air** dòighean sam faod co-dhiù **a dhà** de na cleachdaidhean-fearainn a tha air an sealltainn gu h-àrd a bhith ann an còmhstri. **4**

(b) **Thoir cunntas air** fuasglaidhean do na còmhstrithean seo. **3**

Ceist 6

Diagram C6 Fiosrachadh bho stèisean-aimsir ann an Lunnainn


Oktas	Àird na gaoithe	Luaths na gaoithe (mìltean mara san uair)	Sileadh-uisge
2	Iar-thuath	20	Chan eil Sìon

Dèan sgrùdadh air Diagram C6.

Cleachd am fiosrachadh sa chlàr gus cearcall-sìde a dhealbhachadh airson Lunnainn. **3**

[Tionndaidh an duilleag

Diagram C7 Clàr sionoptaig airson 6m, 12 Gearran 2021



Dèan sgrùdadh air Diagram C7.

Bidh an t-sìde glè dhiofaraichte ann an Dùn Èideann agus Nice.

Thoir seachad adhbharan airson nan diofaran seo. **4**

ROINN 2 — ÀRAINNEACHDAN DAONNA — 30 comharra

Feuch na ceistean UILE

Ceist 8

Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì B) de sgìre Sheffield.

Dèan tomhas air na **trì** astaran (A, B agus C) eadar na h-àitichean air an sealltainn sa chlàr.

Maids na freagairtean agad airson A, B agus C leis na h-astaran a gheibhear gu h-ìosal.

A	Bhon ospadal faisg air Lightwood (3782) don sgoil faisg air Normanton Spring (4084)
B	Bhon stèisean-bhusaichean (3587) don stèisean-rèile (4285)
C	Bhon ghàrradh (3386) don Tèarmann nàdair faisg air Normanton Spring (4084)

Tagh bho na h-astaran a leanas:

6.75 km **7.25 km** **5.5 km** **4 km** **3**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 9

Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì B) de sgìre Sheffield.

Maids na sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil ri na comharran-clèithe cearta.

Sònaichean cleachdadh-fearainn bailteil:

- CBD
- seann ghnìomhachas
- taigheadas ùr.

Tagh bho comharran-clèithe **4089, 3587, 3388, 4183.** **3**

Diagram C10A Mapa bhon latha an-diugh a' sealltainn suidheachadh na sgìre X





Diagram C10B Sgìre X ann an 1994



Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì A) de sgìre Sheffield agus Diagraman C10A agus C10B.

Mìnich na h-atharrachaidhean a tha air tachairt san sgìre X eadar 1994 agus an latha an-diugh. **4**

Ceist 11


Dèan sgrùdadh air a' Mhapa Tomhas Riaghaltais (Nì B) de sgìre Sheffield.

Tha ionad-bhùithtean Meadowhall air a shuidheachadh ann an ceàrnagan-clèithe 3990 agus 3991.

A' cleachdadh fianais bhon mhapa, **thoir seachad adhbharan** airson gun deach an suidheachadh seo a thaghadh. **4**

Ceist 12

Diagram C12 Dùmhlachd-sluaigh an t-saoghail



Thoir sùil air Diagram C12.


Thoir seachad adhbharan airson nan diofaran ann an dùmhlachd-sluaigh thairis air an t-saoghal.

Faodaidh tu iomradh a thoirt air factaran fiosaigeach agus daonna nad fhreagairt. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 13

Diagram C13 Taigheadas neo-fhoirmeil ann an Ameireaga a Deas



Thoir sùil air Diagram C13.

A’ toirt iomradh air sgìre a sgrùd thu, **mìnich** leasachaidhean a thachair o chionn ghoirid ann am bailtean seantaidh. **4**

Ceist 14

Diagram C14 Atharrachaidhean a tha air tachairt o chionn ghoirid ann an tuathanachas

Saoghal leasaichte	Saoghal fo-leasachadh
eug-samhlachadh teicneòlas ùr tuathanachas organach bàrr GM poileasaidh riaghaltais	bàrr GM teicneòlas ùr bith-chonnaidhean

Thoir sùil air Diagram C14.

Airson dùthaich ainmichte a sgrùd thu, **an dara cuid** san t-saoghal leasaichte **no** san t-saoghal fo-leasachadh, **mìnich** a' bhuaidh a bh' aig atharrachaidhean a tha air tachairt o chionn ghoirid ann an tuathanachas.

Bu chòir gum bi an fhreagairt agad a' dèanamh iomradh air co-dhiù **dà** atharrachadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

ROINN 3 — CÙISEAN CRUINNEIL — 10 comharran

Feuch AON sam bith de na leanas

Ceist 15 — Atharrachaidhean gnàth-shìde *duilleag 17*

Ceist 16 — Raointean nàdarra *duilleag 18*

Ceist 17 — Cunnartan àrainneachdail *duilleag 20*


Ceist 18 — Malairt agus dlùth-chruinneas *duilleag 22*

Ceist 19 — Turasachd *duilleag 24*

Ceist 20 — Slàinte *duilleag 26*

COMHARRAN


Diagram C15A Dùthchannan ann an cunnart bho bhuaidhean atharrachadh gnàth-shìde



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C15A.

Thoir cunntas mionaideach, air sgaoileadh nan dùthchannan a tha ann an cunnart bho bhuaidhean atharrachadh gnàth-shìde. **4**

Diagram C15B Ceann-naidheachd


AN CLÀR CAILLEANNACH

ATHARRACHADH GNÀTH-SHÌDE


Fad feadh eachdraidh na Talmhainn, tha a' ghnàth-shìde air atharrachadh gu nàdarra. Ach chan urrainnear am blàthachadh bras a tha sinn a' faicinn a-nis a mhìneachadh le pàtranan nàdarra de bhlàthachadh agus fuarachadh. Tha an seòrsa de dh'atharrachadh a b' àbhaist a bhith a' tachairt thar mìltean de bhliadhnaichean a-nis a' tachairt thar dheicheadan...

(b) Thoir sùil air Diagram C15B.

Mìnich na h-adhbharan **daonna** airson atharrachadh na gnàth-shìde. **6**

Ceist 16 — Raointean nàdarra

Diagram Q16A Grafaichean gnàth-shìde




(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C16A.

Thoir cunntas mionaideach, air na diofaran eadar an dà ghnàth-shìde a chithear. **4**

Ceist 16 — Raointean nàdarra (a' leantainn)

Diagram Q16B Cleachdaidhean taghte den choille-uisge




(b) Thoir sùil air Diagram C16B.

Mìnich na diofar dhòighean sa bheil coilltean-uisge an t-saoghail gan cleachdadh 's gam mì-chleachdadh. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 17 — Cunnartan àrainneachdail

Diagram C17A Sgaoileadh stoirmean tropaigeach/huracanan. 1945–2020.



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C17A.

Thoir cunntas mionaideach air sgaoileadh nan stoirmean tropaigeach is huracanan air feadh an t-saoghail. **4**

Ceist 17 — Cunnartan àrainneachdail (a' leantainn)

Diagram C17B Damaiste bho chrith-thalmhainn



(b) Thoir sùil air Diagram C17B.


Mìnich na ro-innleachdan a chaidh a chleachdadh gus buaidh crith-thalmhainn a lùghdachadh.

Feumaidh tu iomradh a thoirt air eisimpleir(ean) ainmichte a sgrùd thu nad fhreagairt. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 18 — Malairt agus dlùth-chruinneas

Diagram C18A Luach malairt chruinneil 2018



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C18A.

Thoir cunntas mionaideach air luach malairt chruinneil ann am bathar is seirbheisean ann an 2018. **4**

Ceist 18 — Malairt agus dlùth-chruinneas (a' leantainn)

Diagram C18B Taghadh de Chaidreachasan malairt




(b) Thoir sùil air Diagram C18B.

Mìnich na buannachdan **agus** duilgheadasan airson nan dùthchannan a tha nam ball de chaidreachas malairt. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 19 — Turasachd

Diagram C19A Bacaidhean-siubhail air feadh an t-saoghail, an Giblean 2020



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C19A.

Thoir cunntas mionaideach air bacaidhean-siubhail air feadh an t-saoghail sa Ghiblean 2020. **4**

Ceist 19 — Turasachd (a' leantainn)

Diagram C19B Mòr-thurasachd ann am Venice, an Eadailt




(b) Thoir sùil air Diagram C19B.

A' toirt iomradh air sgìre a sgrùd thu, **thoir cunntas mionaideach** air na buaidhean a thig bho mhòr-thurasachd. **6**

[Tionndaidh an duilleag

Ceist 20 — Slàinte

Diagram Q20A Cùisean ùra is bàsan bho HIV/AIDS air feadh an t-saoghail



(a) Dèan sgrùdadh air Diagram C20A.

Thoir cunntas mionaideach air na h-atharrachaidhean san àireamh de chùisean ùra **agus** bàsan bho HIV/AIDS. **4**

Ceist 20 — Slàinte (a' leantainn)

Diagram C20B Aithris pàipeir-naidheachd



(b) Thoir sùil air Diagram Q20B.

Tagh **aon** ghalar a tha cunnartach do bheatha bho Dhiagram C20B.

Airson a' ghalair a thagh thu, **mìnich** na dòighean a chleachdadh gus smachd a chumail air. **6**

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air Còir-lethbhreac

Ceist 13	Ronaldo Almeida/shutterstock.com
Ceist 17b	Thomas Dutour/Dreamstime.com
Ceist 18b	Suaicheantas – an t-Aonadh Eòrpach
	Suaicheantas – USMCA
	Suaicheantas – OPEC
Ceist 19b	Alexander Reitter/shutterstock.com